

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

## COMANN NA GÀIDHLIG A' CUR TAIC RI DUaisean EADAR- NÀISEANTA NA CAMANACHD

10 An Dàmhair 2009

Tha Comunn na Gàidhlig (CnaG), am buidheann leasachaidh Gàidhlig, air daingneachadh gum bi iad a' cur taic uair eile ri oidhirpean nan sgiobaidhean camanachd Albannach anns an t-sreath eadar-nàiseanta aca de gheamannan an aghaidh Èirinn aig deireadh na Dàmhaire.

Bidh na trì geamannan eadar-nàiseanta eadar Alba agus Èirinn, aig ìrean fo-aois 21, àrd-ìre agus mhnathan, a' gabhail àite ann am Pàirc nam Bochd ann an Inbhir Nis air Disathairn 31 Dàmhair, leis a' phrìomh ghèam, Àrd-Eadar-Nàiseanail Cholmcille airson Tilleadh Dhachaigh ga chraoladh air telebhisean leis a' BhBC.

Bidh na trì sgiobaidhean a' strì airson buinn an t-sàir-chluicheadair a bhios air am buileachadh do na cluicheadairean as fheàrr anns gach gèam. Tha na buinn airgid seo air a bhith gam buileachadh le CnaG gach bliadhna bho 1992, nuair a b' e Barry Egan à Corcaigh a' chiad chluicheadair a fhuair am bonn ann am Pàirc nam Bochd, Inbhir Nis.

Thuirte Dòmhnall Dòmhnallach, Cathraiche CnaG: "Tha CnaG air leth toilichte a bhith a' cur taic uair eile ris an oidhirp Albannach anns na geamannan eadar-nàiseanta, agus tha sinn a' guidhe gach soirbheachadh do na trì sgiobaidhean agus iad a' strì ri tilleadh leis nas urrainn dhaibh de dhuaisean. Tha e glè chudromach dhuinne a bhith an sàs ann an spòrs bho thaobh na Gàidhlig, agus tha sinn toilichte gu bheil an co-cheangal a th' againn leis na h-eadar-nàiseanalan air Alba fhaicinn a' soirbheachadh gu àrd-ìrean gun choimeas, le dhà no trì dhuaisean a' tilleadh dhachaigh à Èirinn an-uiridh. Bha sinn uile toilchte le buaidh sgioba nam mnathan gu h-àraid, agus tha mi toilichte gu bheil na mnathan a' faotainn an aithne air a bheil iad airidh le buileachadh den duais cheudna a bhithear a' buileachadh air fo-aois 21 agus an àrd-ìre. Tha sinn a' coimhead air adhart ri tuilleadh cheanglaichean a thogail leis na h-Èireannaich tro spòrs agus cultar aig gach ìre agus cuideachd tro ghnìomhachdan co-roinnte. Tha sinn taingeil do lomairt na Gaidhealtachd's nan Eilean airson a mhaoin a tha a' leigeil leinn taic a chuir ri seo."

A' cur fàilte air daingneachadh dhuaisean 2009, thuirte Donnchadh Camshron, Ceann-suidhe Comann na Camanachd, agus e a' bruidhinn anns an Òban air thoiseach air gèam Cupa a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail eadar Lochside Rovers agus Oban Celtic air Disathairn 10 Dàmhair:

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



“Tha buinn nan sàr-chluicheadairean an-diugh am measg nan duaisean as àirde cliù do chluicheadairean camanachd fa leth, agus thathar gu mòr ga sireadh, agus tha fios agam gu bheil sùil aig na cluaicheadairean Èireannach annta nuair a bhios iad a’ com-pàirteachadh sna geamannan. Tha gach buadhaiche a choisinn na buinn thar nam bliadhnaichean air a bhith barraichte nan cluiche, agus tha na cluicheadairean sin bho gach taobh a’ coimhead air na duaisean sin a bhuannachadh mar shochair ionmholta. Tha mi cuideachd toilichte gu bheil gèam nam mnathan air àrdachadh a thaobh inbhe, gu ìre a bhith aithnichte mar àrd-ùrlar freagarrach airson an onair cheudna fhaighinn. Tha mi taingeil do Chomunn na Gàidhlig airson an dealais leantainneach a thaobh nan duaisean agus tha an taic aca a’ dol gu foirfe leis an taic a bharrachd a tha sinn a’ faighinn am-bliadhna bho phròiseact Cholmcille agus Bòrd na Gàidhlig. Chan eil àrd-ùrlar taisbeanaidh nas fheàrr ann airson nan ceanglaichean spòrs agus cultarach a th’ againn eatarainn, na na geamannan dùbhlain eadar-nàiseanta.”

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



## COMANN NA GÀIDHLIG TO SUPPORT SHINTY INTERNATIONAL AWARDS

**10 October 2009**

Gaelic development agency Comunn na Gàidhlig, (CnaG) has confirmed that it will once again be supporting the efforts of the Scottish shinty teams in their international series of matches with Ireland at the end of October.

The three international matches between Scotland and Ireland, at under-21 senior and women's levels, will take place in Inverness at the Bught Park on Saturday, October 31, with the main match the Homecoming Colmcille Senior International being televised live by the BBC.

At stake in the all three matches will be sàr-chluicheadair medals which will be presented to the best players in each game. The solid silver medals have been presented annually by CnaG since 1992 when Barry Egan of Cork was the first recipient at the Bught Park, Inverness.

Donald MacDonald, Chair of CnaG, said: "CnaG is delighted to be supporting the Scottish effort in the international matches once again and we wish all three teams the best as they try and return with as many of the trophies as possible. It is very important for us to be involved with sport in its Gaelic dimension and we are delighted that our association with the internationals has seen Scotland's success reach unprecedented levels with two of the three trophies returning home from Ireland last year. We were all delighted with the women's' team victory in particular and I am pleased that the women are getting the recognition they deserve with the award of the same medal that the under-21s and senior receive. We look forward to developing more links with the Irish through sport and culture at all levels and through shared activities. We are grateful to Highlands and Islands Enterprise for the funding which enables us to support this."

Welcoming the confirmation of the 2009 awards, Camanachd Association President Duncan Cameron, speaking from Oban in advance of the Royal national Mod Cup match between Lochside Rovers and Oban Celtic on Saturday October 10, said: "The sàr-chluicheadair medals are now amongst the most highly prized awards for individuals in shinty and much sought-after and I know that the Irish players have their eyes on them when they take part in the matches. All of the winners of the medals over the years have produced outstanding performances and some legends of both playing codes regard it as a great privilege to have

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



won the awards. I am also delighted that the women's game has been elevated in terms of its standing to be recognized as a fitting platform to have the same honour attached to it. I am grateful to Comunn na Gàidhlig for their continuing commitment to the wards and their contribution sits perfectly with the additional support that we are receiving this year from the Colmcille project and Bòrd na Gàidhlig. There is no better showcase for the sporting and cultural links which we share than the international challenge matches."